

Chaidh Mo Lothag air Chall

'S e òran basaidh a tha seo mu lothag a tha air a dhol air chall. Tha e ag ainmeachadh àiteachan far an deach i.

Chaidh mo lothag air chall
O hù gur h-oil leam
Chaidh mo lothag air chall

Chaidh mo lothag dhan mhuileann
'S i gun duine na ceann.

Chaidh mo lothag dhan fhèithidh
'S mòr am beud dhi dhol ann.

Chaidh mo lothag don chladach
'S cha robh tac' aice ann.

'S tu gun treabhadh an t-iomair
As do dheidh le crann

'S tu gun treabhadh an t-iadhair
Ge 's e riasg a bhiodh ann.

Dh'fhalbh an lothag dhonn ghaolach
Don aonach ud thall.



Chaidh mo lothag don fhireach
'S i fo shileadh nan allt

Chaidh mo lothag do dh'Èirinn
Le each rèidh nan rosg mall.

